

BUIDSEATADH COIMHEARSNACHDAIL

**Sgrìobhainn co-chomhairleachaidh air seirbheisean ionadail agus
dol-an-sàs coimhearsnachdail**

Clàr

- 1. Ro-ràdh mun cho-chomhairleachadh buidseataidh choimhearsnachdail**
- 2. Buidseatadh coimhearsnachdail sa cho-theacs as farsainghe**
- 3. Modailean buidseataidh choimhearsnachdail**
- 4. Buidseatadh coimhearsnachdail a thogail à gnìomhachd**

LEAS-PHAIPEAR A – Dòighean-obrach airson co-chomhairleachaidh

LEAS-PHAIPEAR B – Foirm airson ùidh a chur an cèill sa chiad dol a-mach

LEAS-PHAIPEAR C – Geàrr-chunntas air ceistean co-chomhairleachaidh

1. RO-RADH MUN CHO-CHOMHAIRLEACHADH BUIDSEATAIDH CHOIMHEARSNACHDAIL

- 1.1 Tha riaghaltas na h-Alba air cur roimhe seirbheisean poblach a leasachadh agus dèanamh cinnteach gum bi seirbheisean a' tairgsinn do dhaoine agus do choimhearsnachdan an rud air a bheil feum aca agus na tha iad ag iarraidh.
- 1.2 Tha an co-chomhairleachadh seo a' moladh dòigh-obrach stèidhichte air buidseatadh coimhearsnachdail, mar aon dòigh air dèanamh gum bi coimhearsnachdan a' tuigsinn solar nan seirbheisean seo agus a' dol an sàs ann iad fhèin an co-theacs nan amas coitcheann a chuireadh air thoiseach a thaobh sheirbheisean leis na Com-pàirteachasan Planaidh Choimhearsnachdail.
- 1.3 Tha ministearan an riaghaltais daingeann sa bheachd gum bu chòir do sheirbheisean a bhith sùbailte agus mothachail air feumalachdan na coimhearsnachd a thathar a seirbheiseachadh agus a bhith a-rèir feumalachdan eadar-dhealaichte choimhearsnachdan iol-ghnèitheach. Tha buidseatadh coimhearsnachdail na dòigh-obrach a sholaras tuigse stèidhichte air fiosrachadh, as urrainn cumadh a thoirt air feumalachdan coimhearsnachd agus com-pàirteachas as treasa a chruthachadh eadar solaraichean sheirbheisean agus a' choimhearsnachd.
- 1.4 Gabhaidh buidseatadh coimhearsnachdail mìneachadh mar a leanas:

...a bhith faotainn a-mach dè na a chosgar agus cò-air, sa phrìomh-shruth ann an sgìrean ionadail le ùghdarrasan ionadail agus le buidhnean reachdail eile – agus a bhith cleachdadh an fhiosrachaidh seo an sin a leasachadh agus a sholar nan seirbheisean a tha coimhearsnachd ag iarraidh, rud a dh'fhaodadh tachairt tro structaran com-pàirteachais ionadail agus a-rèir prionnsabalan dol-an-sàs coimhearsnachdail, in-ghabhail shòisealta agus co-ionannachd.

- 1.5 Is e aon mhodh a tha ann am buidseatadh coimhearsnachdail air an gabhadh seirbheisean solar aig an ìre ionadail air dòigh as mothachaile agus as èifeachdaiche, a-rèir nam feumalachdan ioma-sheòrsach a tha aig cuid de choimhearsnachdan, agus a' toirt an aire gu sònraichte air na raointean a tha air an cur air thoiseach gu h-àraidh leis an riaghaltas, is e sin ri ràdh:

**cosnaidhean
slàinte
foghlam
eucoir
siubhal**

- agus cuspairean a ghearras tarsainn air raointean eadar-dhealaichte neo beàrn na bochdainn a lughdachadh agus leasachadh seasmhach.

1.6 Bithidh buidseatadh coimhearsnachdail a' toirt a' chothruim a chomharrachadh nan iarrtasan as motha, nan stòrasan agus an fheum air seirbheisean ann an iomadh coimhearsnachd mhi-leasaichte, gu tric a' toirt an aire air suidheachaidhean sònraichte ann an coimhearsnachdan aig a bheil feum air freagairt shònraichte a thaobh solar sheirbheisean. Ann a bhith toirt buidseatadh coimhearsnachdail air adhart, a-rèisde, thathar am beachd a bhith ag amas air coimhearsnachdan mì-leasaichte agus / air neo feadhainn a tha ann an suidheachadh neo-dhiongmhalta. Tha buidseatadh coimhearsnachdail gu sònraichte buntainneach cuideachd do choimhearsnachdan a leigeas fhaicinn nach e feumalachdan a thaobh maoin a-mhàin a tha aca ach feumalachdan a tha air an cruthachadh le na coimhearsnachdan a bhith a' cùl-sleamhnachadh air tàillibh seirbheisean a bhith air an solar air dòigh mhì-fhreagarrach. Faodaidh gum bi seo a' buntainn gu h-àraidh do choimhearsnachdan dùthchail. Faodar an aire a thoirt cuideachd air coimhearsnachdan ùidhe, gu sònraichte taobh a-staigh don aon sgìre, m.e. ceàrdan, daoine dubha agus mion-bhuidhnean cinnidheach.

1.7 Tha an Aithisg air an Ro-innleachd Ceartais Shòisealta ris an abrar *Ceartas Shòisealta...Alba anns a bheil a h-uile Duine Cudthromach* (an t-Samhain 1999), a' cur sìos an ro-innleachd airson choimhearsnachdan agus a' toirt sealladh air '**Alba anns am bi a h-uile duine gach cuid a' cur ris a' choimhearsnachd anns a bheil e na chòmhnaidh agus a' faotainn buannachd aiste**'. Bheir e luaidh cuideachd air pàtarain caitheimh choimhearsnachdail. Their an ro-innleachd mar a leanas:

Is e aon dòigh air a bhith a' cur am feabhas mar a shocraicheas buidhnean air caitheamh airgid agus a bhith a' leigeil le coimhearsnachdan barrachd facal a bhith aca sa ghnothach ach fiosrachadh mionaideach a chur ri chèile mu phàtarain caitheimh ionadail.

1.8 Bhathas am beachd aig an àm gun rachadh fiosrachadh mu chaitheamh ionadail a leasachadh agus gum b'urrainn do bhuidseatan caitheimh iomlan tighinn an lùib sin aig a' cheann thall da h-uile Com-pàirteachas In-ghabhail Shòisealta. Tha an co-chomhairleachadh seo air buidseatadh coimhearsnachdail a' toirt air adhart an rùn shuidhichte seo tro bhith a' rannsachadh ciamar a b'urrainn modhan-obrachaidh buidseataidh choimhearsnachdail tighinn air adhart mar aon ghoireas a ghabhadh cleachdadh a chur am feabhas na dòighe a bhitheas seirbheisean air am buileachadh, a' toirt an aire gu sònraichte air na feumalachdan aig coimhearsnachdan a thaobh sheirbheisean agus nan nithean a chuirear air thoiseach leotha.

1.9 Tha an dòigh-obrach seo a' nochdadh cho dealasach sa tha sinn fhathast gum bi seirbheisean air am buileachadh nas fheàrr agus gum bi iad air an dèanamh nas mothachaile agus nas buadmhoire, gu h-àraidh ann an sgìrean far a bheil mòran iarrtais air caochladh sheirbheisean poblach.

1.10 Is e aon toiseach-tòiseachaidh a tha sa cho-chomhairleachadh seo air buidseatadh coimhearsnachdail ann a bhith a' toirt air adhart ar rùn

shuidhichte a dhèanamh leasachaidhean sna coimhearsnachdan againn, gu sònraichte tro bhith a' buileachadh seirbheisean poblach matha tro chom-pàirteachas èifeachdach. Tha Riaghaltas na h-Alba air cur roimhe a làn-aire a thoirt air na prìomh-amasan againn agus fìor leasachaidhean a dhèanamh do dhaoine agus do choimhearsnachdan tro fhìor chom-pàirteachas. Is e buidseatadh coimhearsnachdail aon dòigh air an gabh an àruinneachd a chruthachadh anns an tuig an duine san t-sràid na prìomh-amasan seo agus anns am faighear barrachd tuigse air buileachadh sheirbheisean aig a' mhion-ìre.

Adhbhar a' Cho-chomhairleachaidh

1.11 Tha an sgrìobhainn seo a' cur sìos na barail a tha aig Riaghaltas na h-Alba an dràsta air buidseatadh coimhearsnachdail agus a' sireadh bharailean bho gach uile pàirt den earrann reachdail, an earrann shaor-thoileach, com-pàirteachasan planaidh choimhearsnachdail, com-pàirteachasan in-ghabhail shòisealaich, com-pàirteachasan dùthchail ionadail agus com-pàirteachasan ionadail is structuran coimhearsnachdail eile a-rèir mar a bhitheas freagarrach.

1.12 Is e adhbhar a' cho-chomhairleachaidh seo:

- a bhith a' cur còmhla bharailean bho bhuidhnean is com-pàirteachasan reachdail (a' gabhail a-staigh com-pàirteachasan Planaidh Choimhearsnachdail agus com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta), agus bhon earrann shaor-thoileach mu bhuidseatadh coimhearsnachdail a thoirt air adhart;
- a bhith a' toirt cothrom do dh'fheadhainn aig a' bheil com-pàirt sa chùis a dh'iomlaid am beachdan air buidseatadh coimhearsnachdail tron fhòram deasbaid againn air an eadar-lìon;
- a bhith a' toirt cuireadh do chaochladh chom-pàirteachasan a nochdadh ùidh san Tabhartas Buidseataidh Choimhearsnachdail (faic earrann 1.23); agus
- a bhith a' cur an fhiosrachaidh seo a bhitheas air a chruinneachadh tro cho-chomhairleachadh gu feum a chuideachadh le leasachadh an Stiùiridh Obrachail airson an Tabhartais Bhuidseataidh Choimhearsnachdail.

Dè na Buannachdan a dh'fhaodadh tighinn an lùib na dòigh-obrach Buidseataidh Choimhearsnachdail?

1.13 Is e as bunait don argamaid airson buidseataidh choimhearsnachdail gun urrainn do chaitheamh poblach air seirbheisean cuideachadh le bhith a' sabaid an aghaidh èifeachdan às-dùnaidh shòisealta agus eaconomaich. Chìthear seo tro sholar caochladh mòr sheirbheisean is ghoireasan, m.e.:

- sgoiltean
- seirbheisean altramais-chloinne
- ionadan slàinte
- prògraman sàbhailteachd choimhearsnachail
- taigheadas

- ionadan iomairt ionadail.

1.14 A chum's gum bi e cho buadh-mhor sa ghabhas, bu chòir do mhaoineachas a' phrìomh-shruth agus na seirbheisean a bhitheas e a' cumail suas ealla a ghabhail ri feumalachdan nan coimhearsnachdan agus a bhith a-rèir nam feumalachdan sin.

1.15 A bharrachd air seo, anns an aithisg –*National Evaluation of the Former Regeneration Programmes*¹- thubhairt na h-ùghdarran ged a bha mòran adhartais san dà bhliadhna roimhid, a thaobh barrachd sùbailteachd ann an solar sheirbheisean gu sònraichte bho Bhùird Slàinte, Dachaighean na h-Alba (Coimhearsnachdan na h-Alba a-nis) agus Lìonradh Iomairt na h-Alba, gu robh iad den bheachd gu robh mòran adhartais r'a dhèanamh fhathast thar nan còig bliadhna seo tighinn. Thubhairt iad seo a thaobh nan 9 RP / Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta. Thèid na h-ùghdarran nas fhaide agus iad ag ràdh:

Feumar dèanamh cinnteach gum dàil gum bi solaraichean a' phrìomh-shrutha a' tuigsinn nas fheàrr nan cothroman a tha ann airson stòras a ghluasad gu raointean-targaid...tha sinn a' cur fàilte chridheil air bun-bheachd buidseatadh sgìre (coimhearsnachd)...mar ghoireas a chuideachadh le com-pàirteachasan agus na com-pàirtichean aca.

1.16 Airson buidseataidh choimhearsnachdail tha feum air a bhith a' comharrachadh is a' clàradh na chosgar anns a' phrìomh-shruth le buidhnean ann an coimhearsnachdan sònraichte. Leis an fhiosrachadh mu chaitheamh:

- gabhaidh measadh a dhèanamh air na h-ìrean stòrais a tha a' cumail suas sreath sheirbheisean;
- gabhaidh rannsachadh feuch a bheil na seirbheisean a tha air an solar don choimhearsnachd a-rèir feumalachdan sònraichte na coimhearsnachd sin; agus
- gabhaidh beachdachadh feuch càit' am faod cuid de na stòrasan a bhith air an stiùireadh nas fheàrr sa choimhearsnachd, gu h-àraidh nuair a bhios cùis làithreach sa choimhearsnachd r'a fuasgladh.

1.17 Tha modailean de buidseatadh coimhearsnachdail a ghabhadh cleachdadh air am mìneachadh ann an earrann 3 gus am tèid beachdachadh orra.

1.18 Feumar na tha a dhìth sa choimhearsnachd a thuigsinn, gus am bi am fiosrachadh mu chaitheamh air a chleachdadh gu buadh-mhor. Bidh Staitistig Coimhearsnachdail na h-Alba a tha gu bhith a-muigh roimh 2004 na chuideachadh mòr a thaobh fhios a bhith aig duine air co-mheasgachadh choimhearsnachdan ionadail. Aig an aon àm, ghabhadh am fiosrachadh mu chaitheamh ionadail, a thig an lùib buidseataidh choimhearsnachdail, a chur gu feum airson conaltradh leis a' choimhearsnachd feuch a' bheil iadsan den

¹ Cambridge Economic Associates (2001) *National Evaluation of the Former Regeneration Programmes*, Prìomh-Aonad Rannsachaidh Riaghaltas na h-Alba, Dùn-Eideann.

bheachd gu bheil iad a' faotainn nan seirbheisean a tha a dhìth orra, air an dòigh a tha iad gan iarraidh.

Staitistig Coimhearsnachdail

Is e a tha ann an Staitistig Coimhearsnachdail na h-Alba ach pròiseact mòr a thoirt atharrachadh cruth air an fhiosrachadh a tha againn mu sgìrean ionadail. Bidh am pròiseact na ruith fad tri bliadhna bho 2001 gus 2004 agus tha buidseat aige de £7m. Bithidh Staitistig Coimhearsnachd:

- A' cuideachadh gu mòr leis na prògraman ceartais shòisealta agus ath-nuadhachaidh sgìreil
- A' gabhail a-staigh fiosrachaidh air slàinte, foghlam, bochdainn, cion-obrach, taigheadas, àireamh-shluaigh, co-ionannachd agus cùisean sòisealach / coimhearsnachdail
- A' cruinneachadh fiosrachaidh, cho fad's a ghabhas, a-rèir còd-puist aonadaich
- A' toirt fiosrachaidh mu na h-àrainnean as lugha a ghabhas dèanamh (cho fhad's a chumar ri cuingealaichean dìomhaireachd)
- A' toirt fiosrachaidh do chaochladh mòr luchd-cleachdaidh, tron lìon agus air dòighean eile; agus
- A' toirt ghoireasan a chuideachadh le luchd-cleachdaidh am fiosrachadh a sgrùdadh.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh aig www.scotland.gov.uk/stats

1.19 Faodaidh gum bi comas aig buidhnean coimhearsnachdail agus solaraichean eile an eaconamaidh shòisealaich cuid de sheirbheisean sònraichte a bhuileachadh air an coimhearsnachd fhèin an co-theacs 'an luach as fheàrr'.

1.20 Gu h-aithghearr, faodaidh gur fhiach buidseatadh coimhearsnachdail a leasachadh tuilleadh oir:

- Tairgidh buidseatadh coimhearsnachdail dòigh air **dol an sàs ann an cùisean cultarach agus politigeach** taobh a-staigh do bhuidhnean agus eatorra ann a bhith a' solar seirbheisean poblach farsaing aig ìre glè ionadail;
- Cuidichidh ceumannan buidseataidh choimhearsnachdail le bhith a' **comharrachadh buil caitheamh** ann an àrainnean, mar thoradh air dòighean as mionaidiche air caitheamh a lorg thun caochladh sgìrean, tarsainn diofar gnìomharra solar sheirbheisean. Gabhaidh am fiosrachadh seo mu phàtarain caitheimh cleachdadh a mheasadh **dè cho èifeachdach sa tha seirbheisean gam buileachadh** an co-cheangal ri gach cuid luchd-gnìomhachaidh agus fiosrachadh luchd-cleachdaidh air a' bhuileachadh fhèin air a' ghrund. Gabhaidh an t-aon mu dheireadh seo leasachadh tro structaran a leigeas leis a' choimhearsnachd fhèin pàirt a gabhail sa ghnothach agus aig a' cheann thall tro staitistig coimhearsnachdail;
- Is urrainn do dh'fhiosrachadh mu càit' a' bheil caitheamh ionadail a' dol barrachd **trid-shoilleireachd** a chosnadh ann an caitheamh poblach agus

dh'fhaodadh seo leigeil le daoine tuigsinn nas fheàrr mar a tha (neo mar nach eil) caitheamh prìomh-shruthach a' **luamhan** maoineachas Eòrpach a-staigh do chaochladh choimhearsnachdan comharraichte;

- Tro bhith a' comharrachadh caitheamh ionadail, co-dhiùbh eadar roinnean den aon bhuidhinn, neo tarsainn barrachd's aon bhuidheann, gabhaidh nochdadh càit' a bheil **rudan gan dèanamh barrachd's aon uair** ann a bhith a' buileachadh sheirbheisean neo càit' a bheil an aon rud a' nochdadh ann am barrachd 's aon àite ann an amasan sheirbheisean ann an coimhearsnachd. Gabhaidh seo tachairt far a bheil an aon amas aig barrachd 's aon bhuidhinn, ach far a bheil gnìomharra a' tachairt taobh ri taobh an àite bhith a' dol tarsainn a chèile. **Nan cuirte na stòrasan seo ri chèile** dh'fhaodadh gum biodh seirbheisean air an solar nas fheàrr air a' ghrunnd, a gabhail ealla ri feumalachdan na coimhearsnachd;
- Tro bhuidseatadh coimhearsnachdail, b'urrainn do **chom-pàirteachasan planaidh choimhearsnachdail a bhith a' conaltradh ri coimhearsnachdan** air a' ghrunnd gus an leasaicheadh iad structaran planaidh choimhearsnachdail ionadail;
- Is e modhan-obrach buidseataidh choimhearsnachdail **aon dòigh** air na molaidhean a chur an gnìomh a **leasachadh pròiseasan** a thoirt taic do dh'ath-nuadhachadh coimhearsnachdail, rud a bhitheas air a chur an cèill anns an ro-innleachd ath-nuadhachaidh choimhearsnachdail, a dh'fhoillsichear feadh na h-ùine co-chomhairleachaidh seo;
- Ghabhadh buidseatadh coimhearsnachdail cur gu feum a dhèanamh **solar seirbheisean nas mothachaile** do dh'fheumalachdan na coimhearsnachd – agus sin ag adhbharachadh **dòighean-obrach tarsainn bhuidhnean eadar-dhealaichte a fhreagras na feuman air seirbheisean air dòigh as iomlaine agus as mothachaile;**
- **Mar as freagarraiche a bhitheas seirbheisean poblach** do na daoine air am builichear iad, gu sònraichte do na daoine a tha nan còmhnaidh anns na coimhearsnachdan as motha a tha an eisimeil air seirbheisean poblach, **is ann as fheàrr a dh'obraicheas na seirbheisean seo a lughdachadh neo-chothromachd, agus a ruigsinn air amasan in-ghabhail shòisealta.**
- Ma bhitheas gnìomhachd foghlaim ionadail na pàirt den phròiseas buidseataidh choimhearsnachdail, is dòcha gun tuig muinntir an àite nas fheàrr cò-às a bhitheas stòrasan airson sheirbheisean a' tighinn agus ciamar a bhitheas iad air an cleachdadh a sholar sheirbheisean anns a' choimhearsnachd aca agus san àrainn as farsainge aig an ùghdarras ionadail. Mar sin, le barrachd de mhuinntir an àite a bhith a' dol an sàs mar seo ann an cùisean caitheimh na coimhearsnachd, dh'fhaodadh e bhith gum biodh buannachd eile a' tighinn as, is e sin ri ràdh gum biodh **barrachd ùidh aig daoine ann an taghaidhean ionadail agus nàiseanta;** agus
- Anns an fharsaingeachd, **is e buidseatadh coimhearsnachdail aon dòigh air seòlan a chruthachadh airson leigeil le coimhearsnachdan dol an sàs sna gnothaichean seo** agus ùghdarras a thoirt dhaibh mar phàirt de bhith a' cruthachadh seirbheisean ionadail mothachail.

Tabhartas Buidseataidh Choimhearsnachdail

- 1.21 Tha am pròiseas co-chomhairleachaidh na bhunait do bhith a' cruthachadh stiùiridh airson riarachadh Tabhartas Buidseataidh Choimhearsnachdail ùr.

Thèid an stiùireadh a sgrìobhadh agus fhoillseachadh an dèidh don cho-chomhairleachadh a bhith crìochnaichte agus na freagairtean a bhith air an sgrùdadh. Is e as adhbhar don tabhartas cuideachadh le cosgaisean tòiseachaidh a bhith a' cur modailean buidseataidh choimhearsnachdail air bun. Tha modailean a dh'fhaodadh a bhith air an cleachdadh airson buidseataidh choimhearsnachdail air an nochdadh ann an earrann 3 gus an gabh beachdachadh orra. Is dòcha gun gabhadh an tabhartas cleachdadh airson feumalachdan data agus bathair bhog, cùl-taic / trèanaidh do luchd-obrach, tàillean co-chomhairleachaidh, air neo chosgaisean eile a bhuineas do ghrad-thòiseachadh dòighean-obrach buidseataidh choimhearsnachdail.

Is e luach an tabhartais seo **£5m thar 2002 – 2004**. Bidh an tabhartas air a chuingealachadh a thaobh ùine agus bithidh e ri fhaotainn mar a leanas:

£2m – 2002/03 agus £3m – 2003/04

- 1.22 Bheir an co-chomhairleachadh seo cumadh air an stiùireadh airson an tabhartais bhuidseataidh choimhearsnachdail, agus is e an stiùireadh seo a bheir cunntas mionaideach air obrachadh an tabhartais.
- 1.23 Tha sinn an-dràsta ag iarraidh daoine a bhith a' toirt fios sa chiad àite gu bheil ùidh aca san tabhartas buidseataidh choimhearsnachdail. Tha sinn ag iarraidh ùidh bho na buidhnean a leanas:
 - Com-pàirteachasan Planaidh Choimhearsnachdail
 - Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta
 - Pròiseactan Seòlaide na Maoine airson Seirbheisean Coimhearsnachd as Fheàrr
 - Com-pàirteachasan Dùthchail Ionadail
 - Com-pàirteachasan coimhearsnachd ionadail eile, a dh'fheumas air a' chuid as lugha dà bhuidhinn reachdail a bhith aca nan com-pàirteachas.
- 1.24 Bhiodh e na chuideachadh nam biodh co-òrdanachadh taobh a-staigh do dh'àrainnean ann a bhith a' cur an cèill ùidhe mar seo.
- 1.25 Tha foirm air a toirt aig deireadh na sgrìobhainne seo airson a' phurpais seo agus bu chòir a chur air ais ron 14amh den Og-mhìos 2002, is e sin ri ràdh ceann-latha crìche a' phròiseis cho-chomhairleachaidh, air an toirear cunntas mionaideach ann an leas-phàipear A.

Structar na Sgrìobhainne

- 1.26 Tha an sgrìobhainn air a roinn ann an trì earrannan eile, is gach tè dhiùbh a' gabhail gnothach ri taobh sònraichte de bhuidseatadh coimhearsnachdail, le ceistean ri bhith a' beachdachadh orra dhaibhsan a bhitheas ag iarraidh freagairt a thoirt air an sgrìobhainn seo

Earrann 2 - Buidseatadh coimhearsnachdail sa cho-theacs as farsainghe

Earrann 3 - Modailean buidseataidh choimhearsnachdail

Earrann 4 - Buidseatadh coimhearsnachdail a thogail à gnìomhachd

Leas-phàipear A - Dòighean-obrach airson co-chomhairleachaidh

Leas-phàipear B - Foirm airson ùidh a chur an cèill sa chiad dol a-mach

Leas-phàipear C – Liosta de cheistean co-chomhairleachaidh

2 **BUIDSEATADH COIMHEARSNACHDAIL SA CHO-THEACS AS FARSAINGE**

2.1 Tha e fìor riatanach gum bi buidseatadh coimhearsnachdail air a thoirt gu buil an co-theacs poileasaidh agus iomairtean eile Riaghaltas na h-Alba, agus bidh buaidh aca seo air dè cho coltach sa tha e gum bi soirbheachadh ann le buidseatadh coimhearsnachdail.

- Com-pàirteachasan Planaidh Choimhearsnachdail
- Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta
- Pròiseactan Seòlaide na Maoine airson Seirbheisean Coimhearsnachd as Fheàrr
- Com-pàirteachasan Dùthchail Ionadail
- Dol-an-Sàs Coimhearsnachdail

2.2 A thaobh obrachadh na sgeuma, tha feum air stiùirichean a bhith air ceann a' ghnòthaich ann a bhith a' toirt buidseataidh choimhearsnachdail air adhart, a tharraing nam buidhnean reachdail a-staigh agus a bhith gam brosnachadh a choilionadh sa chiad dol a-mach na tha a dhìth a thaobh cruinneachadh data. Dh'fhaodadh na stiùirichean seo tighinn às na Com-pàirteachasan Planaidh Choimhearsnachdail, na Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta agus / air neo Pròiseactan Seòlaide na Maoine airson Seirbheisean Coimhearsnachd as Fheàrr.

2.3 A bharrachd air seo, bu chòir buidseatadh coimhearsnachdail a bhith air a chur an co-theacs na ro-innleachd ath-nuadhachaidh choimhearsnachdail a dh'fhoillsichear ri linn a' cho-chomhairleachaidh seo. Bheir an ro-innleachd an lèirsinn san fharsaingeachd airson coimhearsnachdan na h-Alba cho math ris a' phrògram-obrach as bunait don lèirsinn seo. Is e buidseatadh coimhearsnachdail, san eadar-ama, aon ghoireas airson an lèirsinn seo a thoirt gu buil.

Riochd Planaidh Choimhearsnachdail

2.4 Is e na com-pàirteachasan planaidh choimhearsnachdail a' bheairt as an tig solar seirbhisean ro-innleachdail agus mar sin tha iad nan com-pàirteachasan fìor chudthromach ann a bhith a' toirt buidseataidh choimhearsnachdail gu buil. B'urrainn do na com-pàirteachasan seo:

- A bhith brodach am measg bhuidhnean reachdail gus an coilionar feumalachdan fiosrachaidh buidseataidh choimhearsnachdail air dòigh phongail is fheumail; agus / air neo
- Modailean buidseataidh choimhearsnachdail a chleachdadh mar bhrodadh a chuideachadh le stèidheachadh structaran planaidh ionadail neo

choimhearsnachdail, ag obair aig ìre glè ionadail tro thogail nan structaran ionadail seo le bhith a' toirt uallach agus obair dhaibh is iad glè ùr fhèin;

- 2.5 Le bhith a' leasachadh Planaidh Choimhearsnachdail ionadail nas fhaide ghabhadh taic a thoirt do mhodailean buidseataidh choimhearsnachdail agus a chaochladh. Gu sònraichte dh'fheumadh com-pàirteachasan Planaidh Choimhearsnachdail dol an sàs ann an com-pàirteachasan ionadail, a leithid Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta, far a' bheil iad ann, agus taic a thoirt do chruthachadh dòighean-obrach a bhith a' dol an sàs sa choimhearsnachd.

Tuairisgeul Goirid air Planadh Choimhearsnachdail

Is e pròiseas a tha ann am Planadh Choimhearsnachdail far am bi ùghdarras ionadail agus buidhnean eile a' tighinn còmhla a phlanadh, a sholar agus a dh'adhartachadh soirbheas an coimhearsnachdan. Tha Riaghaltas na h-Alba air cur roimhe aig an ìre nàiseanta taic a thoirt do phlanadh choimhearsnachdail, a chluicheas pàirt fìor chudthromach ann am buileachadh seirbheisean as fheàrr air na coimhearsnachdan againn. Bidh Planadh Choimhearsnachdail ag adhartachadh coimhearsnachdan a bhith a' dol an sàs gu gnìomhach ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean mu sheirbheisean ionadail a bhuaileas air beatha dhaoine. Is e a tha ann am Planadh Choimhearsnachd dòigh air a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi na buidhnean a sholaras na seirbheisean seo ag obair còmhla, a' dèanamh an fheum as fheàrr de dh'airgead poblach agus a' solar na tha a dhìth air a h-uile duine a bhios a' cleachdadh nan seirbheisean seo. Chan e buidheann shònraichte a tha ann am Planadh Choimhearsnachdail, ach pròiseas coitcheann a dhèanamh cinnteach gu bheil buidhnean ag obair còmhla a chur seirbheisean poblach am feabhas agus dhan dèanamh nas mothachaile.

Tha Planadh Choimhearsnachdail a-nis a' tachairt air feadh na h-Alba gu lèir agus an t-ùghdarras ionadail a' cuideachadh leis. Dheilbh a' mhòr-chuid de dh'àrainnean ùghdarras ionadail planaichean coimhearsnachd, a' toirt còmhla lèirsinn choitcheann agus nan nithean a chuirear air thoiseach airson na sgìre. Chruthaich cuid de dh'àrainnean structaran ionadail neo coimhearsnachdail mar phàirt den phròiseas Planaidh Choimhearsnachdail.

Stèidhicheadh a' Bhuidheann Gnìomha Planaidh Choimhearsnachdail an 2001 a leasachadh planaidh choimhearsnachdail an Alba nas fhaide agus a thoirt stiùiridh agus comhairle do dh'ùghdarrasan ionadail, an com-pàirtean agus Ministearan. Is e aon obair chudthromach aig a' Bhuidhinn Gnìomha cuideachadh le Ministearan agus leis a' Phàrlamaid ann a bhith a' toirt reachdais ùir agus stiùiridh gu buil airson Planaidh Choimhearsnachd a bhitheas air an cur sa Bhile a tha ri teachd air Riaghaltas Ionadail a tha gu bhith air a' thoirt a-steach an Earrach 2002.

- A. **Tha com-pàirteachasan Planaidh Choimhearsnachdail an-dràsta a' cruthachadh frèamaichean ro-innleachdail co-cheangailte anns an gabh iomairtean a leithid Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta, Iomairtean Seòlaide na Maoine airson Seirbheisean Coimhearsnachd**

as Fheàrr agus buidhnean coimhearsnachd ionadail co-òrdanachadh nas fheàrr. Nur beachd-se, dè as còir do chom-pàirteachasan Planaidh Choimhearsnachdail a bhith a' dèanamh a thaobh buidseataidh choimhearsnachdail far a' bheil structaran planaidh choimhearsnachdail ionadail ann agus / air neo gan cur air bhonn?

Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta

- 2.6 Tha Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta cudthromach ann an ath-nuadhachadh nan coimhearsnachdan as mì-leasaichte againn. Tha 48 de na com-pàirteachasan seo ann, agus maoinachas de £179 muillion thar 3 bliadhna bho 2001-02. Tha 34 dhiùbh ag obair a-rèir sgìrean. Is e na com-pàirteachasan seo a bhuilicheas na Clachan-mìle Ceartais Shòisealta.
- 2.7 An dèidh pròiseas measaidh fada, shìn Riaghaltas na h-Alba dreuchdan nan Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta gus a' Mhàrt 2004. Ged as e Riaghaltas na h-Alba a shocraicheas prìomh shlighe an ath-nuadhachaidh fhathast, thug e an dleastanas do Choimhearsnachdan na h-Alba a bhith a' tarraing còmhla ar dòigh-obrach ath-nuadhachaidh agus a bhith a' dol an sàs an duilgheadasan leanailteach nan coimhearsnachdan as mì-leasaichte againn.
- 2.8 Dh'fhaodadh Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta a bhith cudthromach a thaobh buidseataidh choimhearsnachdail o chionn's gu bheil a' bhuannachd aca a bhith nan com-pàirteachasan seasmhach ann an coimhearsnachdan mì-leasaichte comharraichte. A bharrachd air seo bha ùidh riamh aig feadhainn de na Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta ann a bhith a' leasachadh fiosrachaidh mu chaitheamh ionadail agus a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo a chuideachadh leotha fhèin agus leis a' choimhearsnachd ionadail a dh'adhartachadh na tha a dhìth orra a thaobh sheirbheisean ionadail. Bithear an dùil cuideachd gum bi buaidh aig Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta ann an bhith a' tarraing stòrasan prìomh-shruthach a-staigh do na coimhearsnachdan aca fhèin, rud a chiallaicheas gu bheil Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta nam meadhan airson buidseatadh choimhearsnachdail adhartachadh ann an cuid de dh'àrainnean, ged as ann fhèin tro obrachadh leis na com-pàirteachasan Planaidh Choimhearsnachdail.

B. Dè ur beachdan air a' phàirt as còir a bhith aig Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta ann am buidseatadh choimhearsnachdail?

Pròiseactan Seòlaide na Maoine airson Seirbheisean Coimhearsnachd as Fheàrr

- 2.9 Stèidhicheadh a' Mhaoine airson Seirbheisean Coimhearsnachd as Fheàrr san Faoilteach 2001 le maoinachas de £90m thar trì bliadhna (2001/02 gus 2003/04). Is e purpais na Maoine seo seirbheisean a chur am feabhas ann an àrainnean mì-leasaichte tro thaic bho phròiseactan seòlaide, co-cheangailte ri coimhearsnachdan agus an dàimh ris na targaidean ceartais shòisealta. Tha am maoinachas air a roinn eadar 12 ùghdarras ionadail far a bheil àireamh nan daoine a tha a' faotainn taic teachd-a-steach nas àirde na am meadhan. Anns an Dùbhlachd 2001 dhaingnich Ministearan maoinachas na ceud bhliadhna

do 9 de na pròiseactan seòlaide rùnaichte, an dèidh dhaibh Aontaidhean Toraidh Ionadail fhaotainn a bha riarachail.

- 2.10 Ann a bhith a' tighinn gu Aontaidhean Toraidh Ionadail na Maoine airson Seirbheisean Coimhearsnachd as Fheàrr, dh'iarradh air na h-ùghdarrasan ionadail com-pàirteach fìogaran bun-ìre a thoirt airson nam pròiseactan seòlaide, a ghabhadh a-staigh na fìogaran airson caitheamh prìomh-shruthach na bliadhna tarsainn bhuidhnean. Fhuaras gu robh seo doirbh agus air tàillibh sin thairg an Riaghaltas tabhartas aon-uair de £25,000 do gach ùghdarras san sgeuma a chuideachadh leotha an gnothach a chrìochnachadh ron Ghiblean 2002. Thagh na h-ùghdarrasan air fad am maoinachas a bharrachd a ghabhail, agus thathas ga chleachdadh airson cosgaisean luchd-obrach, co-chomhairleachaidh agus a leithid anns a' phròiseas clàradh caitheamh a tha seo. Chan e a-mhàin gun cleachd na h-ùghdarrasan com-pàirteach am fiosrachadh a sholar cuid de na tha a dhìth air na pròiseactan seòlaide a thaobh fiosrachaidh, ach tha uallach orra an t-eòlas a fhuair iad às an obair seo a phàirteachadh leis an Roinn In-ghabhail Shòisealta, a thaobh na dòigh-obrach a chaidh a cleachdadh, na rudan a shoirbhich leotha is na rudan nach do shoirbhich, beàrnan a fhuaras agus an dòigh-foillseachaidh a chleachdadh.
- 2.11 Bidh am fiosrachadh seo an uair sin a' cur ri leasachadh stiùireadh obrachail an Tabhartais Bhuidseataidh Choimhearsnachdail agus gabhaidh na leasain a dh'ionnsaichear leis na pròiseactan seòlaide roinn a-rèir mar a bhitheas freagarrach.

C. Ciamar a tha Iomairtean Seolaide na Maoine airson Seirbheisean Coimhearsnachd as Fheàrr ag iarraidh togail air an obair a tha iad a' dèanamh an-dràsta airson caitheamh prìomh-shruthach a dhearbhadh?

Com-pàirteachasan Dùthchail Ionadail

Is e a tha ann an com-pàirteachasan dùthchail ionadail ach com-pàirteachasan eadar buidhnean ionadail, muinntir an àite, buidhnean saor-thoileach agus an earrann phrìobhaideach ann an coimhearsnachdan dùthchail ann an Alba. Is e na prìomh amasan aca cuideachadh le leudachadh comais choimhearsnachdail agus riochdachadh aig ìre choimhearsnachdail a bhuannachd air feadh sgìrean dùthchail na h-Alba air fad.

Anns an fharsaingeachd tha dà sheòrsa com-pàirteachas dùthchail ionadail ann:

- Com-pàirteachasan D.I. ro-innleachdail: Bithidh iad seo a' dèiligeadh ri àrainn fharsaing (àrainn ùghdarras ionadail mar as trice), agus a' toirt taic ro-innleachdail do na com-pàirteachasan D. I. sgìreil agus a' co-òrdanachadh nan gnìomhachdan aca.
- Com-pàirteachasan D.I. sgìreil: Bithidh iad seo ag obair air àrainnean as lugha agus am bi comas aig coimhearsnachdan dèiligeadh ri cùisean a bhuineas dhaibh aig an ìre ionadail. Anns an fharsaingeachd, tha dà sheòrsa Com-pàirteachas D.I. Sgìreil ann – feadhainn a bhuineas do Cheàrn agus feadhainn a bhuineas do Choimhearsnachd, is e am fear mu dheireadh seo as lugha dhiùbh.

Thathas ag adharatachadh agus a' leasachadh barrachd co-cheangal eadar Com-pàirteachasan D.I. agus Com-pàirteachasan Planaidh Choimhearsnachdail.

Dol-an-Sàs Choimhearsnachdail

- 2.12 Cha do dheilbheadh an sgrìobhainn co-chomhairleachaidh seo a bhith air a cur fa chomhair a' mhòr-shluaigh. Gun sinn an-dràsta ach a' tòiseachadh air a bhith a' toirt na dòigh-obrach buidseataidh choimhearsnachdail gu buil, tha sinn an dòchas gum faigh sinn tuigse as fheàrr air ciamar a ghabhas dol-an-sàs agus com-pàirteachadh choimhearsnachdail leasachadh, tro fhreagairtean a gheibhear anns a' cho-chomhairleachadh. Bithidh comas againn an sin dèiligeadh ri feadhainn de na cùisean seo ann an stiùireadh an tabhartais Bhuidseataidh Choimhearsnachdail, nuair a thig e a-mach.
- 2.13 Stèidhich Lìonra In-ghabhail Shòisealta na h-Alba buidheann obrach ùghdarrachaidh choimhearsnachdail sa Ghearran 2002. Bidh a' bhuidheann seo ag obair fad sia mìosan is bidh i a' rannsachadh cùisean ùghdarrachaidh choimhearsnachdail an co-theacs solar sheirbheisean. Thèid gearr-chunntas na buidhne obrach seo a phostadh air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba.
- 2.14 Bu chòir don bhuidhinn gnìomha Planaidh Choimhearsnachdail beachdachadh air ciamar a ghabhadh buidseatadh choimhearsnachdail toirt gu buil mar aon shlighe air adhart a chur aghaidh air dol-an-sàs choimhearsnachdail agus planadh choimhearsnachdail ionadail.

D. Ciamar, nur beachd-se, as urrainn don dòigh-obrach buidseataidh choimhearsnachdail taic a thoirt do dhol-an-sàs choimhearsnachdail?

3 MODAILEAN BUIDSEATAIDH CHOIMHEARSNACHDAIL

Ro-ràdh

- 3.1 Tha an earrann seo a' cur sìos modailean airson buidseatadh choimhearsnachdail a thoirt gu buil agus ann a bhith a' dèanamh sin tha e ag aideachadh eisimeileachd shònraichte choimhearsnachdan mì-leasaichte air farsaingeachd sheirbheisean.

Cò tha an sàs ann am Buidseatadh Choimhearsnachdail?

- 3.2 Bidh Buidseatadh Choimhearsnachdail a' toirt an aire gu mòr do chlàradh caitheamh prìomh-shruthach air seirbheisean ann an sgìrean ionadail is choimhearsnachdan. Tha na buidhnean a leanas air an comharrachadh mar fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith nan com-pàirtichean ann a bhith a' toirt buidseataidh choimhearsnachdail gu buil.

- Ùghdarrasan Ionadail;
- Bùird na Seirbheis Slàinte Nàiseanta;
- Coimhearsnachdan na h-Alba;

- Lìonra Iomairt na h-Alba a' gabhail a-staigh Companaidhean Leasachaidh Eaconomaich Ionadail far a bheil a leithid ann;
- Iomairt na Gaidhealtachd is nan Eilean;
- Colaistean Foghlaim Adhartaich agus Àrd-Ìre;
- *Ionad-Obrach is Eile (bhon Ghiblean 02)*
- *Seirbheis Peinnsein (bhon Ghiblean 02)*²; agus
- Am Poileas agus an t-Seirbheis Smàlaidh.

3.3 Tha caochladh mòr a thaobh an t-seòrsa sheirbheisean a bhuilichear leis na buidhnean seo, cho math ri nàdar nan seirbheisean, an dòigh air am builichear iad agus an t-eòlas a chuireas daoine orra. Ged a tha cuid de na seirbheisean riatanach d'a h-uile dachaigh (m.e. trusadh tramsgal), tha feadhainn eile a tha a' solar feumalachd shònraichte, m.e. luchd-obrach shòisealta.

3.4 Tha an liosta shìos a' toirt fradharc air na seòrsaichean seirbheisean a ghabhadh leasachadh ann an àrainn, tro thuigse as fheàrr air an dòigh a tha airgead prìomh-shruthach ga chosg, agus na h-àitichean far nach eil seirbheisean, is dòcha, a' coilionadh nam feumalachdan a tha air an cur an cèill leis a' choimhearsnachd. Chan e liosta iomlan a tha seo idir ach dìreach eisimpleirean:

- Iomairtean foghlaim m.e. dèanamh cinnteach gum bi clann a' ruigsinn na sgoile a h-uile latha
- Seirbheisean cùl-taic teaghlaich
- Seirbheisean cùraim-chloinne
- Leudachadh corthoman foghlaim adhartaich
- Pròiseactan cothruim air cosnadh
- Dòighean-obrach ionadail air tionnsgnadh a bhrosnachadh
- Sàbhailteachd Coimhearsnachdail
- Prògraman òigridh
- Seirbheisean Taic Drugaichean / Alcol
- Iomairtean slàinte ionadail cuimsichte
- Seirbheisean Luchd-cùraim
- Taic slàinte inntinn
- Cùisean àrainneachdail
- Leasachaidhean Taigheadais
- Gnìomhachdan Spòrs agus Chur-seachadan
- Prògraman agus tachartasan Ealain is Cultair

² Tha Ionad-Obrach is Eile agus an t-Seirbheis Peinnsein a' buntainn do Roinn na h-Obrach is nam Peinnsean agus mar sin tha iad air an cumail air leth. Is e manaidsearan ionadail Ionad-Obrach is Eile agus an t-Seirbheis Peinnsein a shocraicheas dè na a phàirt a ghabhas iad ann am buidseatadh coimhearsnachdail, a-rèir dè a bhios air a chur air thoiseach aig an àm agus dè tha r'a fhaotainn a thaobh fiosrachadh buidseat iomchaidh.

3.5 A bharrachd air na buidhnean shuas, is iad an fheadhainn a dh'fhaodadh buidseatadh coimhearsnachdail a chur air adhart na leanas:

- Com-pàirteachasan Planaidh Choimhearsnachdail
- Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta
- Com-pàirteachasan ionadail anns a' bheil cur-a-steach bho bhuidhnean reachdail, a' gabhail a-staigh com-pàirteachasan dùthchail ionadail; agus
- Pròiseactan Seòlaide na Maoine airson Seirbheisean Coimhearsnachd as Fheàrr.

...cho math ri muinntir an àite fhèin.

Cò-ris a dh'fhaodadh Buidseatadh Coimhearsnachdail a bhith coltach aig an Ìre Obrachail?

3.6 Bho thoiseach na sgrìobhainn seo, thug sinn mìneachadh obrachail air buidseatadh coimhearsnachdail, is bheachdaich sinn air na buannachdan a dh'fhaodadh a bhith air an cosnadh tro dhòighean-obrach buidseataidh choimhearsnachdail. Bithidh stiùireadh an tabhartais Bhuidseataidh Choimhearsnachdail a' leasachadh nas fhaide nan cothroman obrachail airson buidseataidh choimhearsnachdail. Mar àite-tòiseachaidh a bhrodadh deasbad sa cho-chomhairleachadh seo, tha sinn den bheachd gun gabh buidseatadh coimhearsnachdail tuigsinn agus leasachadh nas fheàrr tro bhith a' nochdadh trì ìrean air am b'urrainn dhà obrachadh:

Ìre 1

Fiogaran bliadhna a thoirt a nochdas ìre caitheamh prìomh-shruthach gach buidhne reachdail anns an àrainn a tha fo aire (m.e. àrainn Com-pàirteachas In-ghabhail Shòisealta), air an eagrachadh air dòigh a bhios feumail airson barrachd tuigse a thoirt air càit' am bi maoinachas prìomh-shruthach a' dol. Gabhaidh an caitheamh seo roinn nas fhaide agus ath-eagrachadh tarsainn sreath chuspairean, m.e. seirbheisean do phàrantan aonair.

Ìre 2

Cothroman a thoirt do luchd-còmhnaidh a bhith a' comharrachadh dè na nithean a chuirear air thoiseach a thaobh solar seirbheisean don coimhearsnachd aca, a bhith a' deasbad na dòighe air am bu chòir seirbheis a bhuileachadh agus a bhith a' stiùireadh nam buidhnean reachdail thun gnìomhachd mu thimcheall nan iarrtas seo. Is e a dh'fhaodadh tachairt a thaobh na gnìomhachd seo ach buidhnean a bhith a' dèiligeadh ri beàrnan neo dùblachadh ann an seirbheisean; a bhith ag ath-eagrachadh na dòighe air an cleachdar luchd-obrach; a bhith a' cur còmhla pàirtean eadar-dhealaichte de bhuidseatan gus an liubhair buidhnean seirbheisean air dòigh as co-leanailtiche; ath-eagrachadh sheirbheisean taobh a-staigh do bhuidhnean a chur aghaidh air cùisean ioma-ghnèitheach airson na luchd-còmhnaidh ionadail; agus a bhith a' co-cheangal cuid de na seirbheisean prìomh-shruthach le pròiseactan ann an coimhearsnachdan is mar sin. Dh'fhaodadh an ìre seo taic a chumail ri leasachadh planaidh choimhearsnachdail ionadail.

Ìre 3

Com-pàirteachasan / buidhnean ionadail ùghdarrachadh gus am bi an uallach orra-san cunnraidhean a dhèanamh airson cuid de sheirbheisean gu dìreach le solaraichean anns an roinn phrìobhaideach neo poblach agus leotha-san a tha ag obair san eaconamaidh shòisealta. Is e an t-adhartas a tha seo bho ìre 2 ach dol-an-sàs coimhearsnachdail as doimhne a bhith ann, agus riaghladh a bhith aig coimhearsnachdan air buidseat comharraichte a sholar feumalachd ionadail shònraichte agus a thoirt gu buil nan toraidhean a tha a dhìth. Mar eisimpleir:

- Stòrasan bho chaochladh bhuidhnean reachdail a chomharrachadh agus a thoirt còmhla gus cumhachd a thoirt don choimhearsnachd a sholar feumalachd a tha air a cur air thoiseach m.e. maoinachas a dh'ath-nuadhachadh togalach coimhearsnachdail a tha air dol fàs;
- Maoinachas a leigeil mu sgaoil bho roinnean a leigeil le buidhnean coimhearsnachdail aghaidh a chur air rud-eigin a tha a dhìth agus a shocradh ciamar a bu chòir am maoinachas seo a chosg m.e. a' bhùth slàinte ionadail an Greater Easterhouse a tha air a riaghladh le buidhinn choimhearsnachdail à maoinachas a riarraicheadh le Bòrd Seirbheis Slàinte Nàiseanta Mòr-roinn Ghlaschu; agus / air neo
- Structaran com-pàirteachas a chur air bhonn aig a bheil an co-shuidheachadh agus an comas cunnraidhean a dhèanamh airson cuid de sheirbheisean air dòigh fhreagarrach gus an luach as fheàrr a thoirt ann an bhith a' liubhairt seirbheisean poblach.

3.7 Tha na trì eisimpleirean seo de bhuidseatadh coimhearsnachdail air an toirt gus am bi tuigse as fheàrr mu na dh'fhaodadh buidseatadh coimhearsnachdail ciallachadh air a' ghrund. Chan fheumar na h-ìrean seo air fad a thoirt gu buil a bhith a' gabhail pàirt ann am buidseatadh coimhearsnachdail. Ann an cuid de choimhearsnachdan, thathas cheana a' coilionadh feadhainn de na h-eileamaidean ann an ìre 3, tro rèiteachaidhean dà-thaobhach eadar buidhinn agus feumalachd coimhearsnachd shònraichte a leithid na bùtha slàinte an sgìre Greater Easterhouse. Tha sreath cheistean air am bu chòir a bhith a' beachdachadh a thaobh nam modailean farsaing de bhuidseatadh coimhearsnachdail a tha air an toirt shuas:

- E. Dè na comasan a tha aig buidhnean reachdail a bhith a' clàradh caitheamh ionadail ann an àrainnean as lugha na àrainn ùghdarras ionadail m.e. àrainn Com-pàirteachas In-ghabhail Shòisealta?**
- F. Dè a bhitheas e a' ciallachadh do bhuidhnean reachdail a bhith a' toirt nan siostaman seo gu buil agus gan leasachadh a thaobh stòrasan, co-dhiù an e luchd-obrach, bathar-bog, uidheam neo eile?**
- G. Ciamar as urrainn do bhuidhnean an siostaman obrachadh tarsainn a' chaochladh chrìochan a tha ann o chionn's nach eil na crìochan ciadna aca is a tha aig buidhnean eile a tha a' liubhairt seirbheisean do choimhearsnachdan? M.e. ann am feadhainn de na h-àrainnean**

aig Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta tha barrachd is aon bhòrd slàinte taobh a-staigh d'a chrìochan.

- H. Dè cho cudthromach is a tha e gum bi data a bhios air a sholar fìor cho-chòrdail eadar na buidhnean sa phròiseas Buidseataidh Choimhearsnachdail? An e amas prataigeach a tha seo?**
- I. Ciamar a tha sibh a' smaoinichadh a ghabhas cuideachadh le gach cuid a' coimhearsnachd agus an roinn shaor-thoileach a bhith a' toirt freagairtean ann an Ìre 2 shuas? Ciamar as urrainn do bhuidhnean cuideachd freagairt a thoirt air an t-seòrsa seo a dhòigh-obrach, a gabhail ealla ri caochladh chultaran is chleachdaidhean obrach?**
- J. Dè na siostaman a tha a dhìth a chum's gum bi a' choimhearsnachd a' dol an sàs ann a bhith a' dèanamh cunnraidhean airson liubhairt seirbheisean agus ann an caitheamh ionadail?**
- K. Ciamar as urrainn do choimhearsnachdan a bhith a' measadh am feumalachdan agus nan nithean a chuirear air thoiseach a thaobh liubhairt seirbheisean agus ciamar a chleachdar tobraichean data ùr a leithid staitistig coimhearsnachdail?**
- L. A bheil na siostaman seo air bhonn cheana anns' choimhearsnachd shònraichte agaibh fhèin neo ann an tè air a bheil sibh eòlach?**

Àrainneachd airson Buidseatadh Coimhearsnachdail a thoirt gu buil

3.8 Feumaidh na h-eileamaidean a leanas a bhith ann gus buidseatadh coimhearsnachdail a thoirt gu buil is dol-an-sàs coimhearsnachdail a dhoimhneachadh:

- Na buidhnean reachdail a bhith an sàs ann am buidseatadh coimhearsnachdail aig a h-uile h-ìre; is e sin ri ràdh gum feum an dealas a bhith ann bho bhàrr gu bun, a' gabhail a-staigh manaidsearan anns gach roinn agus an luchd-obrach air a' ghrund;
- Lèirsinn shoilleir ro-innleachdail san fharsaingeachd airson àrainn an ùghdarrais ionadail anns a bheil coimhearsnachd agus an lèirsinn sin ga leasachadh tro chom-pàirteachasan Planaidh Choimhearsnachdail;
- Structaran seasmhach làidir a thaobh chom-pàirteachasan ionadail, agus na buidhnean com-pàirteach air dàimhean obrachail matha a stèidheachadh a leigeas leotha gnìomhachadh còmhla an dèidh do chaitheamh ionadail a bhith air a chomharrachadh;
- Dealas leis na buidhnean a tha an sàs sa ghnothach anns gach àrainn a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi coimhearsnachdan a' gabhail pàirt uiread sa ghabhas ann an comharrachadh sheirbheisean is ann an socradh cò-dhiùbh a bheirear air thoiseach agus caochladh dhòighean air an cleachdadh a chonaltradh gu sònraichte le daoine nach bi a' gabhail pàirt cho mòr ann an gnothaichean coimhearsnachdail;
- Roinn choimhearsnachdail is shaor-thoileach dhiongmhalta, a tha deiseil a ghnìomhachadh a thaobh com-pàirteachadh coimhearsnachdail ann an

leasachadh buidseataidh choimhearsnachdail gus taic a thoirt do dhol-an-sàs coimhearsnachdail;

- Eaconamaidh sòisealta a tha a' dèanamh adhartais agus anns a bheil buidhnean air ghleus a ghabhail cothroman a thaobh liubhairt sheirbheisean a dh'fhaodas tighinn a-mach à dòighean-obrach buidseataidh choimhearsnachdail ionadail, ged as ann fhèin ann an co-theacs an luach as fheàrr;
- Structaran agus stòrasan riarachail a thaobh meudachadh chomasan coimhearsnachd; agus
- Riochdachadh coimhearsnachdail in-ghabhalach.

Dùbhlain do Bhuidseatadh Coimhearsnachdail

3.9 Tha sreath dhùbhlain ann cuideachd a thaobh buidseatadh coimhearsnachdail a thoirt gu buil:

- Na stòrasan a tha a dhìth air buidhnean gus an seòrsa seo a dh'obair a choilionadh, gu sònraichte ma bhitheas am fiosrachadh ga thoirt airson caochladh raointean. Faodaidh gum bi seo a' gabhail a-staigh luchd-obrach, bathar-bog ionmhasail, cùl-taic teicneolach eile agus mar sin air adhart.
- Na stòrasan aig structaran ionadail, a leithid Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta, a dhol an sàs ann am pròiseas far am bi luchd-obrach a dhìth;
- O chionn's nach eil na crìochan ciadna aig buidhnean reachdail ann an cuid de dh'àrainnean Chom-pàirteachasan I.Sh., bithidh duilgheadasan ann a thaobh caitheamh a chomharrachadh;
- Cùisean prataigeach a thaobh coimhearsnachdan a chomharrachadh, na bhitheas e a' ciallachadh airson liubhairt sheirbheisean, agus mar a ghabhas caomhnadh a-rèir sgàla a' ghnothaich; agus
- Com-pàirteachasan làidir gun a bhith ann ann an àrainn ionadail, gus nach urrainn do dhuine gabhail gu ceart ris an dòigh-obrach buidseataidh choimhearsnachdail, gu sònraichte a thaobh nan ìrean a dh'iarraas dol-an-sàs coimhearsnachdail m.e. maoineachas a thoirt còmhla airson pròiseactan le prìomhachas.

3.10 Is e fàth an tabhartas Buidseataidh Coimhearsnachdail a bhith a' solar feadhainn de na feumalachdan stòrais seo a ghrad-thòiseachadh modailean buidseataidh choimhearsnachdail.

M. Dè ur beachdan-se air na dùbhlain a tha ann a thaobh buidseataidh choimhearsnachdail?

N. Dè a ghabhas dèanamh gus aghaidh a chur air na dùbhlain seo?

4 BUIDSEATADH COIMHEARSNACHDAIL A THOGAIL A GNIOMHACHD

4.1 Tha an earrann seo a' toirt cunntas air na rinneadh gu ruige seo agus na thathas a' dèanamh an-dràsta aig a bheil gnothach ri taobhan de bhuidseatadh coimhearsnachdail. Bheirear an aire gu sònraichte do dh'obair a dhà de na Pròiseactan Seòlaide Obair airson Choimhearsnachdan.

Pròiseactan Seòlaide Obair airson Choimhearsnachdan

4.2 Stèidhichadh am prògram Obair airson Choimhearsnachdan ann an 1998 mar phrògram geàrr-ùineach a thoirt deuchainn air modailean ùr-ghnàthach a bhith a' solar seirbheisean do choimhearsnachdan ionadail agus a bhith gan dèanamh a-rèir mar a dh'iarras muinntir an àite. Bidh maoinachas a' phrògram a' tighinn gu crìch sa Mhàrt 2002. Tha 13 pròiseactan seòlaide Obair airson Choimhearsnachdan agus chruinnich a dhà dhiùbh fiogaran mu chaitheamh prìomh-shruthach ionadail.

4.3 Chaidh an clàradh caitheamh prìomh-shruthach seo a ghabhail os làimh le dhà de na pròiseactan seòlaide tùsail, is e sin ri ràdh Greater Easterhouse agus Dùn-Eideann an Iar. Chleachd an dà phròiseact seòlaide dòighean-obrach eadar-dhealaichte sa gnothach seo. San fharsaingeachd bidh pròiseact Greater Easterhouse a' toirt an aire air a bhith a' briseadh sìos caitheamh bhuidhnean reachdail a-rèir an t-seòrsa caitheamh a tha ann m.e. calpa, teachd-a-steach, luchd-obrach shònraichte don àrainn, buidseatan fo ùghdarras is a leithid. Thagh pròiseact Dhùn-Eideann an Iar am fiosrachadh a thoirt air a bhriseadh sìos a-rèir chuspairean a fhreagras air amasan ro-innleachdail nan com-pàirtichean (m.e. Ionnsachadh Fad-beatha, Sàbhailteachd Choimhearsnachdail), tarsainn nan solaraichean reachdail. Ghabh am pròiseact seòlaide seo a-staigh caitheamh leis an roinn shaor-thoileach cuideachd nuair a bha e a' toirt iomradh air na sruthan caitheamh a-staigh don sgìre. Tha cunntas mionaideach air an dà dhòigh-obrach seo ri fhaicinn anns na h-earrannan sgrùdaidh chùise.

Sgrùdadh Cùise 1: Pròiseact Seòlaide Greater Easterhouse

Chaidh Greater Easterhouse a chomharrachadh na phròiseact seòlaide Obair airson Choimhearsnachdan sa Chèitean 1998. Is e amas a' phròiseact seo san fharsaingeachd deuchainn a thoirt air dòighean-obrach ùr-ghnàthach a thaobh liubhairt seirbheisean ionadail agus dèanamh cinnteach gum bi seirbheisean air an liubhairt air dòigh amalaichte, so-ruigsinn agus mothachail air feumalachdan ionadail. B' e fear de na ciad ghnìomharra a bu chudthromaiche aige cur an seilbh prìomh-shruthach an Greater Easterhouse a chlàradh gus bunait agus co-theacs stòrais a thoirt don Phròiseact Seòlaide.

B' e fàth na h-obrach clàraidh data bunaiteach a sholar mu riarachadh buidseat, luchd-obrach agus stòrasan le luchd-solair sheirbheisean an Greater Easterhouse. Chaidh an obair a ghabhail os làimh sa chiad dol a-mach le Comhairle Baile Ghlaschu san Og-mhìos 1998, agus a leudachadh an sin a ghabhail a-staigh buidhnean com-pàirteach. Chaidh am fiosrachadh caitheamh a chur ri chèile san Og-mhìos 1999 agus tha e ri fhaotainn an Aithisg Bhliadhnail Com-pàirteachas Greater Easterhouse 1998/1999. Chaidh iarraidh air gach solaraiiche sheirbheisean phrìomh-shruthach fiosrachadh a thoirt mar a leanas:

- An àireamh de luchd-obrach a bha bunaitichte taobh a-staigh do Greater Easterhouse a bha a' solar seirbheisean agus a bha ag obair gu h-iomlan don àrainn;
- An àireamh de luchd-obrach a bha bunaitichte taobh a-muigh don àrainn, ach a bha a' solar seirbheisean dìreach do Greater Easterhouse;
- Cunntas mionaideach air buidseatan a tha an-dràsta air am meadhanachadh gu ìre agus air an tiomnadh do structaran co-dhùnaidh ionadail;
- Molaidhean mu bhuidseatan eile a b' fhiach, theagamh, a bhith a' beachdachadh air an tiomnadh neo an neo-mheadhanachadh agus an rianachadh ann an Greater Easterhouse fhèin;
- Tuairmse air a' chur-an-seilbh iomlan an Greater Easterhouse; agus
- Cunntas mionaideach air seilbh thogalaichean/tìr làithreach san àrainn.

Bha am pròiseact seòlaide den bheachd gu robh am fiosrachadh a chuireadh còmhla san obair seo feumail ann a bhith a' toirt tuairmse air cur-an-seilbh prìomh-shruthach ann an seirbheisean agus thathas an dèidh bhith a' dol air aghaidh leis an dòigh-obrach seo. Thug am pròiseas am follais beàrnan is fàillinnean san fhiosrachadh a tha ann cheana; agus feumar aghaidh a chur air seo mun gabh dòighean-obrach agus raon-ùghdarrais na h-obrach clàraidh leasachadh nas fhaide:

- Cha robh fiosrachadh daonnan ri fhaotainn neo air a chlàradh airson Greater Easterhouse air leth;
- Cha robh siostaman/dòighean-obrach ionmhasail iomchaidh airson am fiosrachadh a bha a dhìth a sholar;
- Cha robh an dòigh cruinneachadh fiosrachaidh co-chòrdail eadar na buidhnean com-pàirteach, mar eisimpleir tha deireadh bliadhna eadar-dhealichte aig feadhainn de na buidhnean airson cunntasachd, agus a-rèir coltais bha seo na adhbhar duilgheadais a thaobh fiogaran bliadhnail a chunntas airson na h-obrach seo;

- Chuireadh bacadh air adhartas seach gu robh fiosrachadh as ionadaile mu chaitheamh ga iarraidh tarsainn Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta Ghlaschu; agus
- Gu tric cha robh am fiosrachadh coilionta (is e sin ri ràdh a' gabhail a-staigh luchd-obrach, uidheam togail is stòrasan eile);

Tha am pròiseact seòlaide fhathast ag obair san raon seo, agus tha e dealasach a dh'amas air dòigh-obrach a bheir cumhachd do choimhearsnachdan a thaobh liubhairt sheirbheisean agus caitheamh ionadail, agus fiosrachadh mionaideach mu chaitheamh san sgìre a' cuideachadh leis a' ghnothach.

Sgrùdadh Cùise 2: Fiosrachadh Pròiseact Seòlaide Dhùn-Eideann an Iar

Chaidh sgrùdadh a choimiseanadh san t-Samhain 1998 agus a liubhairt le DTZ Pieda san Iuchar 1999. B' e an reusanachadh nach robh ach glè bheag de dh'fhiosrachadh buidseatach ri fhaotainn airson àrainn a' Pròiseact Sheòlaide agus gu robh seo na chnap-starra a thaobh planaigh ro-innleachdail èifeachdaich.

Bha trì prìomh amasan ann:

1. Caitheamh làithreach prìomh chom-pàirtichean a phròiseact a chomharrachadh gus bunait a thoirt airson clàraidh ri teachd. Tha e fìor riatanach cur-a-steach ionmhasail a nochdadh gu soilleir airson leasachadh planaigh ro-innleachdail agus bheir e cumadh air co-dhùnaidhean ri teachd.
2. Planaichean caitheamh calpa a thomhas airson rè a' Phròiseact Sheòlaide, a' toirt cumadh air a' chlàr-gnothaich planaigh choimhearsnachdail.
3. Modailean a thoirt gu buil airson mic-shamhail.

Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air solar sheirbheisean taobh a-staigh do chatagoraidhean farsaing a bha stèidhichte air seirbheisean an àite crìochan roinneil teann. B' iad seo:

- An eaconamaidh ionadail a leasachadh
- Ionnsachadh fad-beatha
- Cùram slàinte agus sòisealta
- Sàbhailteachd choimhearsnachdail
- Taigheadas agus an àrainneachd
- Meudachadh comasan coimhearsnachd

Chaidh co-chomhairleachadh leis na com-pàirtichean air fad a thoirt am follais dè na seirbheisean a liubhrar, na siostaman ionmhasail a chleachdar a thoirt fiosrachaidh ionmhasail agus dè cho fada's a ghabhas na buidseatan seo roinn (a-rèir àrainn agus gnìomhachd). Chaidh deasbad air cùisean prataigeach cuideachd, agus nam measg raointean-ama a chur sìos airson cunntas a thoirt, fiosrachadh mu chosgaisean rianachd, dè cho coltach sa tha e gun gabh am fiosrachadh seo solar airson Dhùn-Eideann an Iar agus na dòighean a bha r'an cleachdadh gus tuairmse a thoirt air caitheamh far nach eil buidseatan mionaideach air leth ri faotainn.

Cruinneachadh Fiosrachaidh

Tha siostaman buidseatach agus fiosrachaidh gu tric mì-riarachail fhathast airson an t-seòrsa seo a dh'obair. Mar thoradh air sin, tha suimean cudthromach de chaitheamh nach gabh tomhas ach le tuairmse tro bhith a' gabhail a' chaitheimh feadh a' bhaile air fad agus a' cunntas cuibhreann do Dhùn-Eideann an Iar air bunait àireamh-shluaigh neo àireamh luchd-dèilig. Ged a chaidh feuchainn ris a' phròiseas seo a leasachadh tro bhith a' cur eòlas mhanaidsearan ionadail gu feum ann a bhith a' toirt nan tuairmsean seo, chan eil na toraidhean cho dearbh-dheante ri feadhainn a bheirear le siostaman as urrainn liubhairt sheirbheisean a chomharrachadh a-rèir àrainn. Cha choltach gun atharraich an suidheachadh seo ach ma bhitheas barrachd iarraidh air solaraichean sheirbheisean fiosrachadh mu sheirbheisean a roinn nas mionaidiche, agus barrachd feum a dhèanamh de chòdaichean puist agus bathar bog Siostaman Fiosrachaidh Thìr-eòlasaich ann a bhith a' cruinneachadh is a' sgrùdadh fiosrachaidh.

Cho fhad's a ghabhadh, bha na dòighean-obrach air an cumail cho sìmplidh agus a b'urrainn gus dèanamh cinnteach gun gabhadh an obair coilionadh agus ath-dhèanamh le stòrasan furasta ri fhaotainn.

Chaidh an obair a dhèanamh a-rithist leis a' Phròiseact Seòlaide airson 1999/2000 agus chaidh an aon pròiseas a leantainn. Anns a' bhliadhna ionmhasail seo, bha am bitheantas uiread a dh'fhiaradh ann an caitheamh calpa air tàillibh caitheamh air pròiseactan fa leth is gun tàinig e am follais nach gabhadh coimeasan brìoghmhor dèanamh. Nochd am fiosrachadh a chruinnicheadh gu robh meudachadh anns a' chur-an-seilbh maoineachais ann an Dùn-Eideann an Iar, gu ìre mhòr air tàillibh roinnean fa leth a bhith ag atharrachadh an dòighean-obrach ann a bhith a' faotainn an data. Tha cùisean den aon seòrsa ri fhaicinn, ach gabhar ris anns an fharsaingeachd gu bheil na toraidhean nan tuairmse as fheàrr air riarachadh stòrasan. Chleachdadh dòigh choltach air data a chruinneachadh cuideachd a sholar fiosrachaidh mu chur-an-seilbh maoineachais leis a' Chomhairle airson Comataidhean Leasachaidh Ionadail Baile Dhùn-Eideann feadh a' bhaile air fad, mar sin thathas air gabhail ris a' mhodail mar dhòigh sho-obrachadh air cunntas a thoirt air riarachadh stòrasan.

Fhuaras caochladh leasan as a' phròiseas:

- Feumar na tha a dhìth a thaobh data a dhèanamh soilleir do na com-pàirtichean eadar-dhealaichte (ged a bha an duilgheadas seo air lughdachadh ro dhara bliadhna na h-obrach);
- Feumar an raon-ama a dhèanamh soilleir aig toiseach a' ghnòthaich;
- Feumaidh na com-pàirtichean fàth a' chruinneachaidh dhata a thuigsinn, cho math ris na feuman a nìthear dheth (is e sin ri ràdh fìor fheuman planaich bhuidseataich);
- Feumaidh solaraichean sheirbheisean gu leòr a phrìomhachas a thoirt do sholar an data;
- Bu chòir fiosrachadh ionmhasail a chruinneachadh air bunait bhliadhnail;
- Feumar cruinneachadh data a dhèanamh riaghailteach thar caochladh chrìochan; agus
- Tha feum air leasachaidhean ann an siostaman cruinneachaidh dhata, teicneolais fhiosrachaidh, agus buidseatach mun gabh am pròiseas a dhèanamh nas pongaile fhathast.

Ann an Dùn-Eideann an Iar, is coltach gum bi an obair seo air a stèidheachadh gu daingeann na pàirt den phròiseas Planaidh Choimhearsnachdail leantainneach.

Ionnsachadh bho Fhiosrachadh nam Pròiseactan Seòlaide

4.4 Ghabh an dà phròiseact seòlaide ri diofar dhòighean air am fiosrachadh mu chaitheamh prìomh-shruthach sna h-àrainnean aca a chur an cèill. Chuir pròiseact Dhùn-Eideann an Iar fhiosrachadh an cèill a-rèir chuspairean mar a mhìnichadh shuas, rud a bheir dùbhlán eadar-dhealaichte do luchd-maoineachaidh prìomh-shruthach, a thaobh cunntas mar a chaithear na buidseatan aca. Airson a' chuid as motha, chleachd pròiseact seòlaide Greater Easterhouse dòighean cunntasachd as àbhaistiche, is e a' dèanamh feum de dh'fhìogaran caitheamh calpa is teachd-a-steach, cho math ri comharrachadh buidseatan fo ùghdarras, a tha nan raointean a dh'fhaodadh a' choimhearsnachd a bhith a' beachdachadh orra, feuch ciamar as fheàrr a bhitheas iad air an cur gu feum.

4.5 A thaobh pròiseact seòlaide Dhùn-Eideann an Iar, gabhaidh an obair cur cuideachd an co-theacs clàraidh as farsainge de chaitheamh riaghaltais ionadail tarsainn uàird-thaghaidh le Comhairle Baile Dhùn-Eideann.

4.6 Bha obair an dà phròiseact seòlaide seo gu sònraichte soirbheachail ann a bhith:

- A' toirt còmhla caochladh data airson gach àrainn agus a' comharrachadh, cho fada's a ghabhadh, ìrean caitheamh le buidhnean agus roinnean ùghdarrasan ionadail;
- A' cur ceist clàradh caitheamh ionadail air sùilibh do bhuidhnean, agus gam brosnachadh a ghnìomhachadh air a' chùis, agus ann an Dùn-Eideann an Iar – tron chom-pàirteachas Planaidh Choimhearsnachdail;
- A' togail deasbad a thaobh nam fìogaran is nan suimean a fhuaras;
- A' cuideachadh le ùghdarrasachadh ionadail ann an liubhairt sheirbheisean an cùis na bùtha slàinte an Greater Easterhouse; agus
- A' solar an fhiosrachaidh thòiseachail a chuideachadh le buidseatadh coimhearsnachdail a thoirt gu buil san fharsaingeachd feadh a' chòrr de dh'Alba.

4.7 Thog fiosrachadh nam pròiseactan seòlaide caochladh cheistean:

- Duilgheadasan o chionn's nach robh fiosrachadh mionaideach ri fhaotainn bho ùghdarrasan ionadail is buidhnean reachdail mu àrainnean a bu lugha;
- Ceistean mu chrìochan – an t-eadar-dhealachadh eadar buidhnean a thaobh chrìochan, neo dìth co-chrìochnalachd, a tha ag adhbarachadh gu bheil e doirbh do bhuidhnean reachdail comharrachadh càit' a' bheil an caitheamh a' dol;
- Stòrasan – is fheudar do chuid de bhuidhnean ùine luchd-obrach a thoirt gus an seòrsa seo a dh'fhiosrachadh ullachadh, gu sònraichte far nach eil an data ga làimhseachadh le coimpiutaran neo air a chlàradh gu riarachail;

- Faodaidh nach bi siostaman rianachd ionmhasail a' clàradh an fhiosrachaidh mu chaitheamh air dòigh a leigeas le duine cùl-taic a lorg a bheirear gu sònraichte do dhaoine fa leth; agus
- Caochladh a thaobh na dòighe air am bithear a' cunntas caitheamh airson na h-àrainne le gach buidhinn.

Caitheamh Prìomh-shruthach – Pròiseact air feadh na Rìoghachd Aonaichte

- 4.8 Tha Riaghlatais na h-Alba, còmhla ri Roinn Ionmhais na Bànrìghe agus an DTLR, a' gabhail pàirt ann am pròiseact don ainm: *Seirbheisean Poblach Prìomh-shruthach agus am Buaidh air Mì-leasachadh Coimhearsnachdail*.
- 4.9 Tha an rannsachadh seo ga stiùireadh le Profeasair Glen Bramley an Oilthigh Herriot-Watt ann an co-bhanntachd le Sgoil Eaconamais Lunnainn agus Oilthigh Ath nan Damh.
- 4.10 Ann am beagan fhacal, bidh am pròiseact seo 'a' togail air buidhinn de sgrùdaidhean a rinneadh cheana tro bhith a' sgrùdadh dòighean air a bhith a' tomhas caitheamh poblach agus a bhuidh air toraidhean cudthromach aig ìre na coimhearsnachd ann an àrainnean taghte. Bidh e a' toirt tuairisgeul air gluasadan agus pàtarain a tha ann bho chionn ghoirid agus gan sgrùdadh, a' gabhail a-staigh co-cheangail a dhèanamh eadar caitheamh is toraidhean (nam measg cosnadh, teachd-a-steach agus ceumannan a tha ceangailte nas sònraichte ri seirbheisean) thar ùine agus bidh e a' modaileadh na buaidhe a dh'fhaodadh a bhith aig atharrachaidhean buidseatach'.
- 4.11 Tha am pròiseact seo bunaichte air 6 àrainnean eisimpleireach, agus a dhà dhiùbh (Comhairle Dhùn-Eideann agus Comhairle Ceann-a-Tuath Siorrachd Lannraig) ann an Alba. Bithidh toraidhean an rannsachaidh seo nan cuideachadh mòr a thaobh tuigse choithcheann as doimhne a thoirt dhuinn air càit' am bi caitheamh a' dol, agus bheir iad cobhair phrathaigeach cuideachd airson leasachadh fiosrachadh cruinneachaidh dhata prìomh-shruthach.

NA H-ATH CHEUMANNAN

- 4.12 Ma tha sibh ag iarraidh a-nis freagairt a thoirt air an sgrìobhainn co-chomhairleachaidh seo agus / air neo ùidh a chur an cèill sa chiad dol a-mach anns an tabhartas buidseataidh choimhearsnachdail, leughaidh am fiosrachadh a leanas. Tha Leas-phàipear C a' toirt liosta de na ceistean co-chomhairleachaidh gus an gabh sealltainn orra gu furasta.

LEAS-PHAIPEAR A – Dòighean-obrach airson co-chomhairleachaidh

A1 Tha Riaghaltas na h-Alba ag iarraidh conaltradh ri feadhainn aig a' bheil ùidh anns na cùisean a tha air an togail san sgrìobhainn seo. Tha ceistean air an togail air feadh na sgrìobhainn mar sin bithibh a' beachdachadh air na ceistean seo, mas e ur toil e, ann a bhith a' toirt freagairt air a' phròiseas co-chomhairleachaidh seo, agus thoiribh an aire gu sònraichte air na cùisean a bhitheas, is dòcha, a' buntainn barrachd don bhuidhinn agaibh. Ma tha gnothaichean eile a tha sibh ag iarraidh togail ris nach dèiligear anns na ceistean a bheirear anns an sgrìobhainn seo, tha sibh di-beathte a bhith a' toirt luaidh orra. Bidh e na chuideachadh mòr a thaobh na freagairtean a chur còmhla agus a sgrùdadh, mas urrainn dhuibh a bhith a' stiùireadh ris na ceistean sònraichte a chuireadh cho fad's a ghabhas.

A2 Is e ceann-latha crìche a' cho-chomhairleachaidh 14amh den Og-mhìos 2002. Ma tha a dhìth oirbh ur freagairt a chumail dìomhair, cuiribh sin air an sgrìobhainn. Mura dean sibh sin, bidh ur freagairt air a làimhseachadh mar fhiosrachadh poblach.

Gabhaidh freagairtean cur tron phost neo tro phost dealain gu:

Jaime Neal
Riaghaltas na h-Alba
Roinn In-ghabhail Shòisealta
2-F
Victoria Quay
Dùn-Eideann
EH6 6QQ

Fòn: 0131 244 7376; Facs: 0131 244 0810

Post dealain: communitybudgeting@scotland.gov.uk

A3 Tha leth-bhreacan den sgrìobhainn co-chomhairleachaidh ri fhaotainn cuideachd air an làrach-lìn againn www.scotland.gov.uk. Ma tha tuilleadh leth-bhreacan pàipeir a dhìth oirbh, cuiribh fios gu Jaime Neal aig an t-seòladh shuas.

A4 Is dòcha gum bi a dhìth oirbh feadh a' phròiseis cho-chomhairleachaidh beachdan iomlaid le buidhnean eile aig a' bheil ùidh sa ghnòthach mu bhuidseatadh coimhearsnachdail agus tha sinn air fòram deasbaid fhosgladh air an làrach-lìn againn gus an gabh seo dèanamh. Gheibhear am fòram tro bhith a' dol thun www.scotland.gov.uk/views/forums.asp

A5 Bithidh oifigearan gnìomha a tha ag obair air buidseatadh coimhearsnachdail a' gabhail cothroman feadh a' cho-chomhairleachaidh a bhuidhinn ri daoine is buidhnean aig a' bheil ùidh sa ghnòthach. Ma tha ùidh agaibh ann a sin, cuiribh fios gu communitybudgeting@scotland.gov.uk neo cuiribh fòn air an roinn in-ghabhail shòisealta air 0131 244 7376.

**LEAS-PHAIPEAR B – FOIRM AIRSON UIDH A CHUR AN CEILL SA
CHIAD DOL A-MACH SAN TABHARTAS BUIDSEATAIDH
CHOIMHEARSNACHDAIL**

Buidheann:

Seòladh:

Còd puist:

Ainm neach ris an gabh bruidhinn:

Fòn:

Post dealain:

A' bheil sibh a' cur an cèill ùidh às leth com-pàirteachas as farsainge?

Tha

Chan eil

Ma tha, thoiribh ainm a' chom-pàirteachais mas e ur toil e:

**Lìonaibh an fhoirm seo agus cuiribh air ais i ron 14amh den Og-mhìos 2002.
Riaghaltas na h-Alba, Roinn In-ghabhail Shòisealta, 2-F, Victoria Quay,
Dùn-Eideann EH6 6QQ**

**LEAS-PHAIPEAR C – GEARR-CHUNNTAS AIR CEISTEAN CO-
CHOMHAIRLEACHAIDH**

- A. Tha com-pàirteachasan Planaidh Choimhearsnachdail an-dràsta a’ cruthachadh frèamaichean ro-innleachdail co-cheangailte anns an gabh iomairtean a leithid Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta, Iomairtean Seòlaide na Maoine airson Seirbheisean Coimhearsnachd as Fheàrr agus buidhnean coimhearsnachd ionadail co-òrdanachadh nas fheàrr. Nur beachd-se, dè as còir do chom-pàirteachasan Planaidh Choimhearsnachdail a bhith a’ dèanamh a thaobh buidseataidh choimhearsnachdail far a’ bheil structaran planaidh choimhearsnachdail ionadail ann agus / air neo gan cur air bhonn?**
- B. Dè ur beachdan air a’ phàirt as còir a bhith aig Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta ann am buidseatadh coimhearsnachdail?**
- C. Ciamar a tha Iomairtean Seòlaide na Maoine airson Seirbheisean Coimhearsnachd as Fheàrr ag iarraidh togail air an obair a tha iad a’ dèanamh an-dràsta airson caitheamh prìomh-shruthach a dhearbhadh?**
- D. Ciamar, nur beachd-se, as urrainn don dòigh-obrach buidseataidh choimhearsnachdail taic a thoirt do dhol-an-sàs coimhearsnachdail?**
- E. Dè na comasan a tha aig buidhnean reachdail a bhith a’ clàradh caitheamh ionadail ann an àrainnean as lugha na àrainn ùghdarras ionadail m.e. àrainn Com-pàirteachas In-ghabhail Shòisealta?**
- F. Dè a bhitheas e a’ ciallachadh do bhuidhnean reachdail a bhith a’ toirt nan siostaman seo gu buil agus gan leasachadh a thaobh stòrasan, co-dhiù an e luchd-obrach, bathar-bog, uidheam neo eile?**
- G. Ciamar as urrainn do bhuidhnean an siostaman obrachadh tarsainn a’ chaochladh chrìochan a tha ann o chionn’s nach eil na crìochan ciadna aca is a tha aig buidhnean eile a tha a’ liubhairt seirbheisean do choimhearsnachdan? M.e. ann am feadhainn de na h-àrainnean aig Com-pàirteachasan In-ghabhail Shòisealta tha barrachd is aon bhòrd slàinte taobh a-staigh d’a chrìochan.**
- H. Dè cho cudthromach is a tha e gum bi data a bhios air a sholar fìor cho-chòrdail eadar na buidhnean sa phròiseas Buidseataidh Choimhearsnachdail? An e amas prataigeach a tha seo?**
- I. Ciamar a tha sibh a’ smaoinichadh a ghabhas cuideachadh le gach cuid a’ coimhearsnachd agus an roinn shaor-thoileach a bhith a’ toirt freagairtean ann an Ìre 2 shuas? Ciamar as urrainn do bhuidhnean cuideachd freagairt a thoirt air an t-seòrsa seo a dhòigh-obrach, a gabhail ealla ri caochladh chultaran is chleachdaidhean obrach?**

- J. Dè na siostaman a tha a dhìth a chum's gum bi a' choimhearsnachd a' dol an sàs ann a bhith a' dèanamh cunnraidhean airson liubhairt seirbheisean agus ann an caitheamh ionadail?**
- K. Cìomar as urrainn do choimhearsnachdan a bhith a' measadh am feumalachdan agus nan nithean a chuirear air thoiseach a thaobh liubhairt seirbheisean agus cìomar a chleachdar tobraichean data ùr a leithid staitistig coimhearsnachdail?**
- L. A bheil na siostaman seo air bhonn cheana anns' choimhearsnachd shònraichte agaibh fhèin neo ann an tè air a bheil sibh eòlach?**
- M. Dè ur beachdan-se air na dùbhlain a tha ann a thaobh buidseataidh coimhearsnachdail?**
- N. Dè a ghabhas dèanamh gus aghaidh a chur air na dùbhlain seo?**